



Comann nam Pàrant

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
Gaelic Medium Education in Scotland

Cuairt-Litir . Newsletter

An Geamhradh 2022/2023
Winter 2022/2023

Clàr-innse/Contents

Duilleag / Page

<u>Looking ahead to 2023 / A' coimhead air adhart gu 2023</u>	2
<u>Information Session / Seisean Fiosrachaidh</u>	3
<u>FilmG</u>	4
<u>Seachdain na Gàidhlig</u>	5
<u>The Early Years</u>	6
<u>Na Trath-Bhliadhnaichean</u>	7
<u>Update from the Family Development Officer</u>	8
<u>Ùrachadh fios bho dh' Oifigear Leasachaidh Theaghlaichean</u>	9
<u>New Director of Education at Bòrd na Gàidhlig/ Stiùiriche Foghlaim ùr aig Bòrd na Gàidhlig</u>	10
<u>Aberdeen / Obar Dheathain</u>	10
<u>Gaelic Webinar for Parents and Carers / Webinar Gàidhlig do Phàrantan is Luchd-cùraim</u>	11
<u>Question in the Scottish Parliament / Ceist ann am Pàrlamaid na h-Alba</u>	11



Comann nam Pàrant

5 Caolshràid Mhìcheil | Inbhir Nis | IV2 3HQ | Fòn: 01463 234138 | Facs: 01463 237470 | Fòn-làimhe: 07771834481
5 Mitchell Lane | Inverness | IV2 3HQ | Tel: 01463 234138 | Fax: 01463 237470 | Mobile: 07771834481

www.parant.org.uk



Looking ahead to 2023

Looking back at 2022 it was a year of consultations, all of them important for both Gaelic and education. Looking ahead to 2023, we are awaiting the results of these consultations and the potential important and major developments in Gaelic education that may come about as part of reform.

The consultation on the Scottish Government commitments to Gaelic, Scots and Scottish Language Bill closed in December. Professor Hayward's Independent Review of qualifications and assessment closed early in January. The National Discussion on Scottish Education closed in December. Earlier in the year we had the consultation on the National Gaelic Language Plan for 2023-28.

Comann nam Pàrant responses to consultations can be read on our [website](#).

We were delighted last year to see a new Gaelic medium class open in Paisley and this year we are looking forward to the opening of another new class, this time in Thornliebank Primary School in East Renfrewshire. It is exciting to see provision in new areas in the Central Belt and this will take the number of local authorities delivering Gaelic medium education to 17. To continue to grow this number, along with Bòrd na Gàidhlig, we are working with a number of other local authorities to promote the opportunity for Gaelic medium education to parents.

A' coimhead air adhart gu 2023

A' coimhead air ais air 2022 b' e bliadhna làn cho-chomhairlean a bh' againn, iad uile cudromach dhan Ghàidhlig agus do dh'fhoghlam. A' coimhead air adhart gu 2023, tha sinn a' feitheamh ri toraidhean nan co-chomhairlean sin agus air na leasachaidhean cudromach is mòra a dh'fhaodadh tachairt mar phàirt den ath-leasachadh.

Dhùin a' cho-chomhairle air gealltanasan Riaghaltas na h-Alba a thaobh Gàidhlig, Albais agus Bile nan Cànanan Albannach san Dùbhlachd. Dhùin Lèirmheas Neo-eisimeileach an Àrd-ollaimh Hayward air teisteanasan agus measadh tràth san Fhaoilleach. Dhùin an Còmhradh Nàiseanta air Foghlam na h-Alba san Dùbhlachd. Na bu thràithe sa bhliadhna bha co-chomhairle ann air Plana Nàiseanta na Gàidhlig airson 2023-28.

Faodar freagairtean Chomann nam Pàrant do cho-chomhairlean a leughadh air an [làraich-lìn](#) againn.

Bha sinn air leth toilichte an-uiridh gun do dh'fhosgail clas ùr tro mheadhan na Gàidhlig ann am Pàislig agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri clas ùr eile a bhith a' fosgladh am-bliadhna, an turas seo ann am Bunscoil Thornliebank ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear. Tha e brosnachail solar FtG fhaicinn ann an sgìrean ùra ann am meadhan na h-Alba agus bheir seo gu 17 an àireamh de dh'ùghdarrasan ionadail a tha a' libhrigeadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Gus cur ris an àireamh seo tha sinn ag obair còmhla ri grunn ùghdarrasan ionadail eile còmhla ri Bòrd na Gàidhlig gus na cothroman an lùib foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bhrosnachadh do phàrantan.



Information Session

Comann nam Pàrant, in partnership with Bòrd na Gàidhlig, held an online information session in November for parents who are considering Gaelic Medium Education. There were over 30 parents in attendance hearing from different practitioners involved in Gaelic Medium Education including early years, pre-school, primary and secondary. The parents in attendance had the opportunity to ask questions to those in attendance and there was a productive conversation. Many thanks to Bòrd na Gàidhlig for their cooperation with this event and to Marina MacLeod, depute headteacher at Condorrat Primary School, for delivering further information to parents about pre-school and primary school. If any parent or local Comann nam Pàrant group feel that there is an opportunity to hold an in-person or online information session about Gaelic Medium Education in your area then please contact us – innes@cnag.org

Seisean Fiosrachaidh

Chùm Comann nam Pàrant seisean fiosrachaidh air-loidhne ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig san t-Samhain do phàrantan a tha a' beachdachadh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Bha còrr is 30 pàrant an làthair, a' cluinntinn bho chleachdaichean eadar-dhealaichte a tha an sàs ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' gabhail a-steach tràth-bhliadhnaichean, ro-sgoil, bun-sgoil agus àrd-sgoil. Bha cothrom aig na pàrantan a bha an làthair ceistean fhaighneachd agus bha còmhradh buannachdail ann. Mòran taing do Bhòrd na Gàidhlig airson a bhith a' co-obrachadh air an tachartas seo agus do Mharina NicLeòid, iar-cheannard Bun-sgoil Chondobhrait, airson a bhith a' libhrigeadh fiosrachaidh a bharrachd do phàrantan mu ro-sgoil agus bun-sgoil. Ma tha pàrant no buidheann Comann nam Pàrant ionadail den bheachd gu bheil cothrom ann seisean fiosrachaidh aghaidh ri aghaidh no air-loidhne a chumail mu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig san sgìre agaibh, nach cuir sibh fios thugainn – innes@cnag.org



Coinneamh Poblach Air-loidhne: Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Online Public Meeting:
Gaelic Medium Education

08.11.22 @ 19:30





FilmG

FilmG, the Gaelic short film competition, has received the most entries in its 15 year history with 106 entries in total. There were a total 82 films entered into the youth category of the competition. There have been films submitted from a variety of different schools, individuals, and youth groups with the overarching theme this year of 'Buidhe' (yellow). The films have been shortlisted, chosen by a panel of judges, for different categories including, Best Documentary, Best Production Design, The Gaelic Award, Best Youth Group, Rising Star Award, Best Performance, Best Film, Best Script and Best Student Film. All films submitted are also open for voting so make sure and go and **vote** your favourite films! There will be an awards ceremony held in February for those involved in the nominated films.

FilmG

Fhuair FilmG, farpais nam film goirid, an àireamh as motha de thagraidhean bho chaidh a stèidheachadh bho chionn 15 bliadhna le 106 tagraidhean uile gu lèir. Uile gu lèir, chaidh 82 film a chur a-steach do roinn na h-òigridh san farpais. Chaidh filmichean a chur a-steach bho iomadh sgoil, duine fa leth, agus buidheann òigridh leis a' chuspair 'Buidhe' am-bliadhna. Rinn pannal de bhritheamhan geàrr-liosta de na filmichean airson diofar roinnean a' gabhail a-steach, Film Aithriseach as Fheàrr, Colt as Fheàrr, an Duais Gàidhlig, Buidheann Òg as Fheàrr, Duais Rionnag na Bliadhna, Cluich as Fheàrr, Film as Fheàrr, Sgrìobt as Fheàrr agus Film Oileanach as Fheàrr. Faodar bhòtadh air na filmichean a chaidh a chur a-steach cuideachd, is mar sin, dèan cinnteach gum **bhòt** thu air na filmichean as fheàrr leat. Bidh cuirm dhuaisean ann sa Ghearran dhaibhsan a tha an sàs anns na filmichean a chaidh ainmeachadh.


Geàrr-liostaichean Òigridh

Film Aithriseach as Fheàrr

Best Documentary



An Sgoth Phabach



Baile Prìseil



Bòtannan Buidhe



Tormod air a'



Seachdain na Gàidhlig

Seachdain na Gàidhlig will be taking place this year between 20th – 26th February 2023. The week-long event will be celebrating Scottish Gaelic around the globe. Seachdain na Gàidhlig aims to promote Gaelic, through official events and community initiatives, allowing both Gaelic Speakers and those without the language to take part in a variety of ways that suits them.

Seachdain na Gàidhlig first ran in 2022 and building on its success there will be a theme of 'Coming together', by prioritising uniting people within their own communities. This year, with support from Bòrd na Gàidhlig, a Small Grant fund was introduced, awarding up to £500 to support initiatives and events taking place in Seachdain na Gàidhlig. There will be 30 funded events happening during the week. With a mixture of in-person and online events and a strong social media presence there will be an opportunity for people from across the world to take part.

Education is also being specifically targeted through Seachdain na Gàidhlig 2023. To help teachers and young people engage with the initiative, comprehensive education packs have been created for schools, in partnership with educational publishing house, **Twinkl**. The activities and resources include class planners, suggested content and activities aimed at both primary and secondary levels for both Gaelic and English medium schools – ensuring that all children and teachers can get involved, whether they are fluent or just starting their journey with the language.

Seachdain na Gàidhlig

Bidh Seachdain na Gàidhlig a' tachairt eadar 20mh is 26mh Gearran 2023. Bidh an tachartas seo, a mhaireas fad seachdain, a' comharrachadh na Gàidhlig air feadh na cruinne. Tha Seachdain na Gàidhlig ag amas air a' Ghàidhlig a bhrosnachadh, tro thachartasan oifigeil agus iomairtean coimhearsnachd, a' toirt cothrom do luchd-labhairt na Gàidhlig agus dhaibhsan aig nach eil an cànan pàirt a ghabhail ann an diofar dhòighean a tha freagarrach dhaibh.

Chaidh Seachdain na Gàidhlig a chumail an toiseach ann an 2022 agus a' togail air a shoirbheachas 's e 'A' tighinn còmhla' an cuspair a bhios ann am-bliadhna le prìomhachas air a bhith ag aonachadh daoine taobh a-staigh nan coimhearsnachdan aca fhèin. Am-bliadhna, le taic bho Bòrd na Gàidhlig, chaidh maoin Thabhartasan Beaga a thoirt a-steach, a' toirt seachad suas ri £500 gus taic a chumail ri iomairtean agus tachartasan a tha gu bhith a' tachairt ann an Seachdain na Gàidhlig. Bidh 30 tachartasan maoinichte a' tachairt tron t-seachdain Le measgachadh de thachartasan pearsanta agus air-loidhne agus làthaireachd làidir air na meadhanan sòisealta bidh cothrom ann do dhaoine bho air feadh an t-saoghail a bhith an sàs ann.

Thathar a' cuimseachadh gu sònraichte air foghlam tro Sheachdain na Gàidhlig 2023. Gus tidsearan agus daoine òga a chuideachadh a dhol an sàs san iomairt, chaidh pasganan foghlaim a chruthachadh do sgoiltean, ann an com-pàirteachas leis an taigh foillseachaidh foghlaim, **Twinkl**. Tha na gnìomhan agus na goireasan a' gabhail a-steach planadairean clas, agus molaidhean airson susbaint agus gnìomhan a tha ag amas air gach cuid bun-sgoil agus àrd-sgoil airson sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla – a' dèanamh cinnteach gun urrainn clann agus tidsearan pàirt a gabhail ann, co-dhiù tha iad fileanta no dìreach a' tòiseachadh air an turas aca leis a' chànan.



20-26 AN GEARRAN 2023
'S e 'A' Tighinn Còmhla' cuspair na bliadhna-sa

20-26 FEBRUARY 2023
Our 2023 theme is 'Coming Together'

SEACHDAIN NA GÀIDHLIG
WORLD GAELIC WEEK

Bòrd na Gàidhlig

WWW.SEACHDAINNAIDHLIG.SCOT



The Early Years

At the end of October we were finally able to restart Pàrant is Pàiste Sruighlea, which now meet every Monday morning from 10 – 12 in the Cambuskenneth village hall. The hall is just a short walk across the river from the GME unit in Riverside Primary school. We have been delighted to have a regular attendance of around 7 families since the first week.

Our new group in Newton Mearns, which started at the beginning of September is also proving very popular with an average attendance of around 10 families each week. They also meet on Monday mornings, 10 -12, in Newton Mearns Parish Church.

The playgroup Clann Trang in East Kilbride has been able to re-open this autumn. They have a new Gaelic speaking playleader and are very active on social media, sharing their activities each week.

In the Lothians, the new Bookbug sessions have been well received in West Lothian. Four sessions are delivered each month and have been well attended, with enthusiasm from parents for further early years work to start up in the area. The two new locations for Bookbug in Edinburgh (Central Library and National Library) have been popular too. Our fortnightly Gaelic conversation classes, run in partnership with City of Edinburgh Council and Comunn na Gàidhlig, are attracting a regular group of around 7/8 parents. These are a mix of early years parents and parents of children in primary school, so it's a great chance for early years families to hear more about what's happening in the school from other parents.

In October we were invited to take part in a Gaelic Day in West Lothian, held in West Lothian's newest Primary school Holy Family Primary School in Winchburgh. Kirsteen delivered four Bookbug sessions through the afternoon, each one was well attended with enthusiastic participants. The head teacher at Holy Family is learning Gaelic and keen to try and introduce opportunities for the children at the school to learn Gaelic too.

Our officers in the Western Isles, June and Anne, continue to be kept busy with Thig a Chluich sessions. They deliver around 4 sessions a week, in different locations across Lewis and Harris. Numbers remain steady and encouraging in all the areas, and there is definitely enough demand in Stornoway to add on another session. June was invited to South Uist to take part in an information day for families last week and took the opportunity to deliver a Thig a Chluich session while she was there. The session was well received, and she was invited to come back whenever she can, so we are looking into ways we can support families in the Uists more regularly. In the new year they will bring sessions to two new locations - the Clan MacQuarrie Centre and the new Taigh Ceilidh in Stornoway.



**This week Thig a Chluich
is coming to**

Fàilte Centre Stornoway, Tues 10-11:30 am
Back Community Hut, Tues 1:30 -3:00 pm
Ionad na Seann Sgoil Shawbost, Wed 10-11:30
am
North Harris Free Church Hall Tarbert, Thurs
10-11:30 am



Na Tràth-bhliadhnaichean

Aig deireadh na Dàmhair bha e comasach dhuinn Pàrant is Pàiste Shruighlea ath-thòiseachadh mu dheireadh, agus tha iad a-nis a' coinneachadh gach madainn Diluain bho 10 – 12 ann an talla a' bhaile, Camas Choinnich. Tha an talla gu math faisg air an aonad FtG ann am Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne air taobh eile na h-aibhne. Tha sinn air leth toilichte gu bheil timcheall air 7 teaghlaichean air a bhith a' tighinn bhon chiad seachdain.

Tha a' bhuidheann ùr againn ann an Baile Ùr na Maoirne, a thòisich aig toiseach na Sultain air a bhith gu math mòr-chòrdte cuideachd le mu 10 teaghlaichean an làthair gach seachdain. Bidh iad cuideachd a' coinneachadh madainn Diluain, 10 -12, ann an Eaglais Paraiste Bhaile Ùr na Maoirne.

B' urrainn dhan chròileagan Clann Trang ann an Cille Bhrìde an Ear fosgladh a-rithist as t-fhoghar sa chaidh. Tha stiùiriche-cluiche ùr aca le Gàidhlig agus tha iad gu math gnìomhach air na meadhanan sòisealta, a' co-roinn an cuid gnìomhan gach seachdain.

Tha fèill mhòr air a bhith air na seiseanan Bookbug ùr ann an Lodainn an Iar cuideachd. Bithear a' libhrigeadh ceithir seiseanan gach mìos agus tha deagh ìrean frithealaidh air a bhith ann, le ùidh aig pàrantan airson 's gun tòisich barrachd obair tràth-bhliadhnaichean san sgìre. Tha fèill mhòr air a bhith air an dà àite ùr airson Bookbug ann an Dùn Èideann (Leabharlann a' Mheadhain agus an Leabharlann Nàiseanta) cuideachd. Tha na clasaichean còmhraidh Gàidhlig againn gach cola-deug, air an ruith ann an com-pàirteachas le Comhairle Baile Dhùn Èideann agus Comunn na Gàidhlig, a' tàladh buidheann cunbhalach de mu 7/8 pàrantan. 'S e measgachadh de phàrantan tràth-bhliadhnaichean agus pàrantan chloinne sa bhun-sgoil a tha seo, agus mar sin 's e deagh chothrom a th' ann do theaghlaichean tràth-bhliadhnaichean barrachd a chluinntinn mu na tha a' tachairt san sgoil bho phàrantan eile.

Fhuair sinn cuireadh anns an Dàmhair gus pàirt a ghabhail ann an Latha Gàidhlig ann an Lodainn an Iar, a chaidh a chumail ann am Bun-sgoil an Teaghlaich Naoimh ann am Winchburgh - am bun-sgoil às ùire ann an Lodainn an Iar. Libhrig Kirsteen ceithir seiseanan Bookbug tron fheasgar, agus bha sluagh mòr, dealasach an làthair aig gach seisean. Tha ceannard-sgoile Sgoil an Teaghlaich Naoimh ag ionnsachadh na Gàidhlig agus gu mòr airson feuchainn ri cothroman a thoirt do chloinn san sgoil Gàidhlig ionnsachadh cuideachd.

Tha na h-oifigearan againn anns na h-Eileanan an Iar, June agus Anna, fhathast air an cumail trang le seiseanan Thig a Chluich. Bidh iad a' libhrigeadh timcheall air 4 seiseanan san t-seachdain, ann an diofar àiteachan air feadh Leòdhais agus na Hearadh. Tha na h-àireamhan fhathast seasmach agus misneachail anns a h-uile sgìre, agus tha iarrtas gu leòr ann an Steòrnabhagh gus seisean eile a chur ann. Fhuair June cuireadh a dh'Uibhist a Deas gus pàirt a ghabhail ann an latha fiosrachaidh do theaghlaichean an t-seachdain sa chaidh agus ghabh i an cothrom seisean Thig a Chluich a libhrigeadh fhad 's a bha i ann. Chaidh fàilte mhòr a chur air an t-seisean, agus fhuair i cuireadh a thighinn air ais nuair as urrainn dhi, agus mar sin tha sinn a' coimhead air dòighean anns an urrainn dhuinn taic nas cunbhalache a thoirt do theaghlaichean ann an Uibhist. Anns a' bhliadhna ùr bheir iad seiseanan seachad ann an dà àite ùr – Ionad Chlann MhicGuaire agus an Taigh Cèilidh ùr ann an Steòrnabhagh.



Update from the Family Development Officer

Classes & Conversation Practice

Learning opportunities currently being facilitated by the Family Language Development Officer:

- ‘Cothrom cabadaich – have a blether in Gaelic!’ sessions for those who were raised with Gaelic at home and also those who have come to the language at a later stage in their life, and who are looking for an opportunity to use their Gaelic in friendly and relaxed environment and build their confidence with some support from a tutor. Two sessions are currently on offer – Tuesday mornings and Tuesday evenings.
- We also intend to offer in-person cothroman cabadaich in Inverness from mid February onwards. Keep an eye on our social media accounts for more info.
- A number of free, online beginner and post-beginner SpeakGaelic classes for those with children or grandchildren who attend Gaelic parent and toddler groups, sgoil-àraich or primary 1. Classes are available Mondays, Wednesdays and Thursdays, with options of morning, afternoon and evening slots.
- We also hope to offer in-person sessions for those attending online classes in order to support their learning. These sessions will take place in Fort William, Edinburgh and somewhere else within the Highlands as this is where the majority of those attending the sessions are from.
- For further information about the classes, please contact lewis@cnag.org

Cothroman ionnsachaidh do luchd-obrach nan tràth-ìrean

Info sessions/focus groups for Gaelic early years practitioners

In this focus group for early years practitioners, we will be discussing some of the following questions:

- Why is it important that parents be encouraged to learn Gaelic alongside their children?
- What puts parents off learning and/or speaking Gaelic at sessions?
- How are parents currently supported?
- What puts practitioners off from using Gaelic with parents?

This was an opportunity to learn from each other and to gain a deeper understanding of the difference in needs between children and adults when it comes to acquiring/learning a language.

Language support sessions for early years practitioners

‘Building your confidence in Gaelic at work’

These sessions are for early years practitioners working in parent and toddlers groups and sgoiltean-àraich who need a bit of extra support with their own Gaelic. Bespoke sessions are available as a group or 1:1.

<https://forms.office.com/r/5zYYS05LRN>

Information sessions/working group for parents

- We have been working on sessions especially for those that are raising their children/grandchildren in Gaelic – Raising Children with Gaelic – Challenges & Improving support networks. The first session will be held in February.
- Gàidhlig ghràidheil bho ghluìn gu glùin – a project similar to the one that is ran in Wales by Mudiad Meithrin – **Siarad Babi**. Information about the project was first shared in the summer, but there hasn’t been a lot of contributions yet, but we intend to get further guidance from Mudiad Meithrin and from Comhairle nan Eilean Siar on the way forward.

Neadan.scot

We continue to update the [website](#) with information and resources which will be of benefit to families and early years practitioners.



Ùrachadh Fios bho dh' Oifigear Leasachaidh Theaghlaichean

Clasaichean is Còmhradh

Cothroman ionnsachaidh a tha an t-Oifigear Leasachaidh Cànan Teaghlaich a' toirt seachad aig an àm seo:

- Tha na seiseanan 'Cothrom cabadaich – have a blether in Gaelic!' dhaibhsan a thogadh le Gàidhlig aig an taigh agus cuideachd dhaibhsan a thàinig chun a' chànan aig aois nas sine, agus a tha ag iarraidh cothrom an cuid Gàidhlig a chleachdadh ann an àrainneachd chàrdeil agus shocair agus gus am misneachd a thogail le beagan taic bho oide. Tha dà sheisean ann an-dràsta – madainn Dimàirt agus feasgar Dimàirt.
- Tha sinn cuideachd an dùil cothroman cabadaich aghaidh-ri-aghaidh a thoirt seachad ann an Eilear Nis bho mheadhan a' Ghearain a-mach. Cùm sùil air na meadhan sòisealta againn airson tuilleadh fiosrachaidh.
- Grunn chlasaichean SpeakGaelic airson luchd-tòiseachaidh agus iar-tòiseachaidh an-asgaidh air-loidhne dhaibhsan aig a bheil clann no oghaichean a tha a' frithealadh buidhnean pàrant is pàiste, sgoil-àraich no bun-sgoil 1. Tha clasaichean rim faighinn Diluain, Diciadain agus Diardaoin, le roghainnean airson amannan madainn, feasgar agus oidhche.
- Tha sinn cuideachd an dòchas seiseanan aghaidh-ri-aghaidh neo-fhoirmeil a thabhann dha na pàrantan/sean-phàrantan seo gus cur ris an ionnsachadh aca. Bidh iad seo a' tachart ann an Dùn Èideann, sa Ghearasdan agus badeigin eile air a' Ghàidhealtachd seach gur ann às na ceàrnaidhean seo a tha a' chuid as mo dhe na pàrantan a thig chun nan clasaichean.
- Airson barrachd fiosrachaidh mu na clasaichean, nach cuir sibh fios gu lewis@cnag.org

Seiseanan taic-chànain do luchd-obrach nan tràth-ìrean

'Bruidhinn Gàidhlig le misneachd aig d' obair'

Tha na seiseanan seo freagarrach dhaibhsan a tha ag obair ann an tràth-ìrean na Gàidhlig agus a tha a' sireadh cothrom an cuid misneachd a thogail le bhith a' cleachdadh a' chànan ann an suidheachadh càrdeil, neo-fhoirmeil le taic bhon oifigear leasachaidh. Gabhaidh na seiseanan àite air-loidhne, mar bhuidhinn no aonan-ri-aonan.

<https://forms.office.com/r/5zYYS05LRN>

Seiseanan fiosrachaidh/buidhnean-gnìomha do luchd-obrach nan tràth-ìrean Gàidhlig

'A' brosnachadh phàrantan gu bhith ag ionnsachadh Gàidhlig còmhla ri 'n cuid chloinne'

Chaidh dà sheisean air-loidhne a chumail gu ruige seo is sinn an dùil barrachd dhiubh a thoirt seachad aig toiseach na bliadhna' ùire. Rinneadh còmhradh air na cuspairean/ceistean a leanas:

- Carson a tha e cudromach gum broснаich sinn pàrantan gus co-dhiù beagan Gàidhlig ionnsachadh? Dè bhios a' cur bacadh air pàrantan? Gainnead ùine? Dìth misneachd?
- Dè an taic a tha ann an-dràsta do phàrantan gus Gàidhlig ionnsachadh?
- Carson a bhios leisg oirne uaireannan a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig le pàrantan?
- 'S e cothrom a bha seo a bhith ag ionnsachadh bho chèile agus cuideachd barrachd tuigse fhaighinn air an diofar eadar feumalachdan cloinne is inbheach a thaobh togail/ionnsachadh cànan.

Seiseanan fiosrachaidh/buidhnean-gnìomha do phàrantan

- Tha sinn air a bhith ag obair air seisean a bhios gu h-àraidh dhaibhsan a tha a' togail na cloinne/nan oghaichean aca leis a' Ghàidhlig a-staigh – Raising Children with Gaelic – Challenges & Improving support networks. Thèid a' chiad seisean a chumail toiseach a' Ghearain.
- Gàidhlig ghràidheil bho ghlùin gu glùin – pròiseact a bhios car coltach ris an fhear aig Mudiad Meithrin Siarad Babi. Chaidh fiosrachadh a sgaoileadh mun phròiseact as t-samhradh, ach chan eil mòran air cur ris gu ruige seo, ach tha sinn an dùil stiùireadh a bharrachd fhaighinn bho Mudiad Meithrin agus cuideachd bho Chomhairle nan Eilean Siar feuch dè an t-slighe air aghaidh.

Neadan.scot

Tha sinn a' cumail oirnn a' cur fiosrachadh is goireasan air an [làraich-lìn](https://www.neadan.scot) a bhios nan cuideachadh do theaghlaichean is luchd-obrach nan tràth-ìrean.




New Director of Education at Bòrd na Gàidhlig

In January, the Director of Education at Bòrd na Gàidhlig, Jim Whannel retired. Comann nam Pàrant have had a close working relationship with Jim and are grateful for his support to us during his time at the Bòrd. We wish Jim well in his retirement. Jennifer McHarrie is the new Director of Education and we look forward to working with Jennifer in her new role. Jennifer comes to the post from SQA where she was involved in a variety of projects including delivering the Educational Commitments in SQA's Gaelic Language Plan, plus co-ordinating and growing Gaelic-medium provision.

Stiùiriche Foghlaim ùr aig Bòrd na Gàidhlig

Anns an Fhaoilleach, leig Stiùiriche an Fhoghlaim aig Bòrd na Gàidhlig, Jim Whannel dheth a dhreuchd. Bha dàimh obrach dhlùth aig Comann nam Pàrant le Seumas agus tha iad taingeil airson na taic a thug e dhuinn fhad 's a bha e aig a' Bhòrd. Tha sinn a' guidhe gach soirbheachas do Jim às dèidh dha a dhreuchd a leigeil dheth. Is e Jennifer McHarrie an Stiùiriche Foghlaim ùr aig BnaG agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ri Jennifer san dreuchd ùr aice. Tha Jennifer a' tighinn dhan dreuchd bho SQA far an robh i an sàs ann an grunn phròiseactan a' gabhail a-steach libhrigeadh nan Gealltanasan Foghlaim ann am Plana Gàidhlig SQA, a bharrachd air a bhith a' co-òrdanachadh agus a' leudachadh solar tro mheadhan na Gàidhlig.



Aberdeen

Comann nam Pàrant welcome the public consultation, which opened this month, on a proposal to establish city-wide catchment areas for the Gaelic Medium Education provision at Gilcomstoun School and Hazelhead Academy in Aberdeen. The statutory consultation will close on 3 March 2023. You can see full details including the proposal document [here](#).

Comann nam Pàrant have been supporting parents in Aberdeen for a number of years since support for transport was withdrawn from parents who lived outwith the school catchments in 2019. We hope that following this latest consultation transport provision will now be re-instated for all families living within Aberdeen City.



ABERDEEN
CITY COUNCIL

Obar Dheathain

Chuir Comann nam Pàrant fàilte air a' cho-chomhairleachadh phoblach, a dh'fhosgail air a' mhìos seo, air moladh gus sgìrean-sgoile a stèidheachadh a' gabhail a-steach a' bhaile air fad airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig Sgoil Gilcomstoun agus Acadamaidh Hazelhead ann an Obar Dheathain. Thig a' cho-chomhairle phoblach gu crìch air 3 Màrt 2023. Chithear an làn fhiosrachadh, a' gabhail a-steach a' mholaidh fhèin [an seo](#).

Tha Comann nam Pàrant air a bhith a' toirt taic do phàrantan ann an Obar Dheathain fad grunn bhliadhnaichean bho chaidh taic airson còmh-dhail a thoirt air falbh bho phàrantan a bha a' fuireach taobh a-muigh nan sgìrean sgoile ann an 2019. Tha sinn an dòchas gun tèid solar còmh-dhail ath-shuidheachadh às dèidh a' cho-chomhairleachaidh as ùire seo airson a h-uile teaghlach a tha a' fuireach ann am Baile Obar Dheathain.





Gaelic Webinar for Parents and Carers

Skills Development Scotland are hosting a parent and carer webinar on the 8th February at 6:30pm. The webinar is aimed at parents and carers of P7 to S3 pupils and will give information on the careers service that Skill Development Scotland offer as well as exploring the benefits of studying Gaelic for future career opportunities. The webinar will be delivered in Gaelic by SDS Careers Advisers Joanna and Ceitidh. We will be providing a recording in Gaelic and English after the webinar to who register, along with post-event information guide. To register for the event, follow the link. **Ro-ràdh don t-seirbheis dhreuchdan agus cothroman dreuchdan Gàidhlig Tickets.**

Webinar Gàidhlig do Phàrantan is Luchd-cùraim

Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba a' cumail co-labhairt lìn do phàrantan is luchd-cùraim air 8mh Gearran aig 6:30f. Tha an webinar ag amas air pàrantan agus luchd-cùraim aig sgoilearan BS7 gu ÀS3 agus bheir e seachad fiosrachadh mun t-seirbheis dhreuchdan a tha Leasachadh Sgilean na h-Alba a' tabhann a bharrachd air a bhith a' sgrùdadh nam buannachdan a tha an lùib a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig airson cothroman dreuchdail san àm ri teachd. Thèid an webinar a libhrigeadh sa Ghàidhlig le Comhairlichean Dreuchdan SDS, Joanna agus Ceitidh. Bidh sinn a' toirt seachad clàradh ann an Gàidhlig agus Beurla às dèidh an webinar do na daoine a chlàraicheas, còmhla ri fiosrachadh às dèidh an tachartais. Gus clàradh airson an tachartais, lean an ceangal. **Ro-ràdh don t-seirbheis dhreuchdan agus cothroman dreuchdan Gàidhlig Tickets.**



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Question in the Scottish Parliament

On the 20th December 2022 Oliver Mundell, MSP asked the Scottish Government “what action it is taking to ensure that additional support needs are being met and that specialist educational support is available in Gaelic-medium schools”

Here is a link to the **response**.

Comann nam Pàrant are aware that parents sometimes feel that their children are not well supported when they have additional needs and we have referenced this in our responses to recent consultations. Please do get in touch if you have views on this or experiences that you would like to share with us.

Ceist ann am Pàrlamaid na h-Alba

Air 20 Dùbhlachd 2022, dh'fhaighnich Oliver Mundell BPA de Riaghaltas na h-Alba “dè na gnìomhan a tha iad a' gabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coileanadh feumalachdan taic a bharrachd agus gu bheil taic foghlaim shònraichte ri faighinn ann an sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig” Seo agaibh ceangal dhan **fhreagairt**.

Tha Comann nam Pàrant mothachail gu bheil pàrantan uaireannan den bheachd nach eil an cuid chloinne a' faighinn deagh thaic ann am FtG nuair a tha feumalachdan a bharrachd aca agus tha sinn air iomradh a thoirt air seo sna freagairtean againn do cho-chomhairlean bho chionn ghoirid. Nach cuir sibh fios thugainn ma tha beachdan agaibh air seo no ma tha naidheachd agaibh a tha sibh airson toirt dhuinn.

